



www.bombadilpublishing.com
An imprint of Mossytop Dreamharvest Ltd.

Taigh Ghreumaich
An Dòrnaidh
IV40 8AP
Fón: 01599 555 203

07/03/2016

A theagasgair chòir,

Tha sinn a' sgaoileadh fios air cothrom ùr mìorbhaileach do Ghàidheil òga aig a bheil ùidh ann an sgrìobhadh cruthachail. Tha an t-inneal-litreachais ùr againn *MageQuill* air loidhne 's tha Bòrd na Gàidhlig 's Foghlam Alba air airgead a chur ris a' ciallachadh gu bheil cunntas saor an asgaidh aig gach sgoilear san àrd-sgoil.

Tha an t-inneal a' leigeil le sgoilearan cruthachadh sa chànan, mar a dhèanadh iad le *Microsoft Word*, a' sgrìobhadh leabhar no sgeul goirid, a bharrachd air còmhraidh a chumail le sgrìobhaichean òga eile gus comhairle, beachdan 's a leithid a roinn air an sgrìobhadh aca. Tha an t-inneal ri fhaighinn air frithealaiche-lìn phrìobhaideach air son feuchainn gu bheil e ann an àite sàbhailte 's freagarrach do dhaoine òga. Cha téid cunntas a thairgse do sgoilearan ach le cuireadh bhuainne.

Mar sin, tha feum againn air ur cuideachadh air son na daoine òga a chur ris an fhrithealaiche-lìn. Faodaidh iad na comasan-litreachais aca a leasachadh le bhith a' tòiseachadh air sgeultan a sgrìobhadh no na sgeultan a th' aca mar-thà a chur ann. Tha sinn am beachd gum bith inneal den t-seòrsa seo uabhasach feumail ann am feuchainn ri Gàidhlig a chumail beò ann an saoghal nan daoine a tha air an sgoil fhàgail.

'S e rudaigin gu math tarraingeach do sgrìobhaichean òga gun téid cuid dhiubh a thaghadh gus an obair a thoirt seachad air son foillseachadh air a' mhargaid mhalairteach a' ciallachadh gum faigh iad airgead-rìoghalachd às nuair a théid a reic.

Tha sinn am fìor dhòchas gun cuidich sibh sinn gus na Gàidheil òga agaibh a chur ri *MageQuill* le bhith a' cur am mion-fhiosrachadh thugainn. Fiù 's nach eil mòran ùidh aig cuid dhiubh ann an sgrìobhadh an-dràsta, gheibheadh iad cunntas saor an asgaidh co-dhiù 's mar sin, b' fhiach am fiosrachadh uile a chur gar n-ionnsaidh mas urrainn dhuibh.

Ciad mìle taing dhuibh,

Ádhamh Ó Broin